

Gnìomhachasan Cruthachail

Ro-innleachd airson Alba Chruthachail 2016-17

Earr-ràdh 4

ALBA CHRUTHACHAIL AGUS NA GNÌOMHACHASAN CRUTHACHAIL

Tha an t-earr-ràdh seo a' mìneachadh cuid de na dòighean anns a bheil Alba Chruthachail air taic a thoirt do chuid de na roinnean anns na gnìomhachasan cruthachail sna beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad.





ALBA | CHRUTHACHAIL

© 2016 Alba Chruthachail

Chan fhaodar pàirt sam bith den fhoillseachadh seo ath-fhoillseachadh ann am fòrmat sam bith gun chead sgrìobhte ro làimh bho Alba Chruthachail.

Co-ionannachd chothroman

Tha poileasaidh co-ionannachd chothroman aig Alba Chruthachail. Tha slighe a-steach do dhaoine air a bheil ciorram aig na h-oifisean againn. Tha cuid de na foillseachaidhean rim faighinn ann an Gàidhlig, Scots, ann an clò-mòr agus ann an cruth claisneachd. Cuir fios thugainn air 0845 603 6000 Airson Typetalk cuir 18001 ron àireamh Airson luchd-cleachdaidh BSL, cleachd www.contactsotland-bsl.org

Chaidh an sgrìobhainn seo a chruthachadh ann an clò dealain le Alba Chruthachail - thoir an aire dhan Àrainneachd agus na clò-bhuail seo mur a bi cruaidh fheum agad air. Thoir an aire gu bheil sinn a' cleachdadh cheanglaichean-lìn san sgrìobhainn seo (gus ceangal ri foillseachaidhean, rannsachadh no planaichean eile) agus nach gabh iad seo a leughadh ma chlà-bhuaileas tu an sgrìobhainn seo.

Tha an t-ais-eòlas agad cudromach dhuinn. Innis dhuinn dè do bheachd air an fhoillseachadh seo le bhith cur post-d thugainn aig feedback@albachruthachail.com

Tha Alba air eòlas sònraichte a thogail air a bhith a' toirt taic ann an leasachadh na roinne le buidhnean fad-stèidhichte a tha a' dèanamh feum de choimhearsnachd ceangailte de gnìomhachasan beaga agus de bhuidhnean agus daoine cruthachail. A thaobh lionraidhean, tha lionra de 17 toglaichean stiùideo aig [WASPS](#) air feadh na h-Alba anns a bheil raon farsaing de gnìomhachasan chruthachail – tòrr is 800 teanantan. A bharrachd air seo, tha [Oifis nan Iomairtean Cultarail](#) a' toirt seachad taic airson leasachadh gnothachais airson luchd-obrach cruthachail agus mion-ghnothachasan, agus tha [Ealainean agus Gnothachas Alba](#) na cheangal eadar roinnean a' chultair agus a' ghnòthachais, a' cuideachadh gus dàimhean cruthachail, sòisealta agus coimeirsealta àrach. Bho chionn goirid, chunnaic sinn fàs lionraidhean cruthachail sgìreil, m.e. [Dùn Dè Cruthachail](#), [Dùn Èideann Cruthachail](#) agus [Sruighlea Chruthachail](#). Tha gach fear de na lionraidhean neo-eisimeileach, a' cur fòcas sònraichte air na amasan is miannan aca fhèin, a tha stèidhichte air an t-suidheachadh anns gach cathair-bhaile. Ged a bhios buidhnean coltach ri seo ann an àiteachan eile, tha e follaiseach gu bheil gach fear dhiubh ag obair ann an co-theacs sònraichte Albannach agus tha iad air eòlas agus modhan-obrach sònraichte a thogail anns a' cho-theacsa seo.

'S e [Make Works](#) aon phròiseact inntinneach a tha stèidhichte ann an Alba aig an àm seo, ach a tha ag obair gus seirbheisean a thoirt seachad air feadh na RA. Bidh Make Works a lorg fhactaraidhean airson luchd-deilbh is luchd-dèanamh. Tha an obair aca a' toirt cothrom do choimhearsnachd de luchd-deilbh is luchd-dèanamh a bhith a' lorg luchd-saothair, luchd-solair stuthan agus goireasan airson bùithtean-obrach anns an sgìre ionadail aca. Tha luchd-cleachdaidh aig Make Works bho air feadh na RA a-nis agus tha mu 50 pròiseactan ùra a' tòiseachadh gach mìos ann an Alba mar thoradh air an obair aige. Tha na pròiseactan seo a' toirt obair ùr do na gnìomhachasan saothrachaidh le bhith a' toirt seachad fiosrachadh fosgailte airson nan luchd-deilbh, luchd-ealain agus gnìomhachasan beaga a tha a-nis airson rudan a dhèanamh aig an ìre ionadail ann am baidsean beagan.

Ann an roinnean deilbh is ailtireachd tha iomadh neart ann, le buidhnean mar [The Lighthouse](#), Ionad na h-Alba airson Dealbhadh agus Ailtireachd, anns a bheil ionad-tadhail, àite taisbeanaidh, cafe agus àite airson tachartasan ann an Glaschu, agus buidhnean mar [Chorporaid Rìoghail nan Ailtirean an Alba](#), a tha a' comharrachadh a ceudamh ceann-bliadhna le Fèis Ailtireachd 2016.

Tha [Taigh-tasgaidh V&A airson Deilbh, Dùn Dè](#) a' tighinn am bàrr an-dràsta, aonad eadar-nàiseanta ùr airson dealbhadh ann an Alba, aonad a tha ag amas air cur ris an tuigse againn air cho fìor chudromach sa tha deilbh do ar beathannan. Tha am pròiseact ga thoirt seachad le Design Dundee Ltd, com-pàirteachas eadar Taigh-tasgaidh Victoria and Albert ann an Lunnainn, Comhairle Cathair Dhùn Dè, Scottish Enterprise agus oilthighean Dhùn Dè is Obar Tatha le Alba Cruthachail a' toirt seachad taic calpa. Fhuair Dùn Dè inbhe bho chionn goirid mar a' chiad [Cathair Bhaile UNESCO airson Dealbhadh](#) san RA agus tha e air a' chiad [Fèis Dealbhadh Dhùn Dè](#) a chur air dòigh.

Tha na ceàirdean gan cur air adhart tro [Craft Scotland](#), a' bhuidheann nàiseanta a tha ag obair gus ceàirdean na h-Alba aonachadh, brosnachadh agus gus taic a chumail riutha. Chruthachaidh iad cothroman airson luchd-dèanamh na h-Alba a bhith a' taisbeanadh, a reic is a' sanasachd na h-obair aca agus bheir iad taic seachad trèanadh gus an cuideachd. Cumaidh iad taisbeanaidhean agus tachartasan a tha a' ceangal a' phobaill ri earrann ceàirdean na h-Alba, gu tric ag obair le buidhnean com-pàirteach. Tha seo a' gabhail a-staigh taisbeanaidhean mu cheàirdean na h-Alba ann an cuirmean nàiseanta is eadar-nàiseanta, a' cur Alba air a' mhapa mar nàisean le coimhearsnachd cheàirdean a tha tàlanta agus sònraichte.

A bharrachd air seo, tha tòrr de na buidhnean a tha a' faighinn maoinachadh cunbhalach a' cruthachadh cruth-tìre a tha taiceil do dh'obair-ceàird. Seo trì eisimpleirean de bhuidhnean den t-seòrsa seo: [Dovecot](#) ann an Dùn Èideann – a tha a' gabhail a-steach stiùidio tapastraidh, gailearaidhean agus bunait agus 's e seo an t-aon aonad breabadaireachd ann an Alba agus na aonad sàr-mhathais; tha [North Lands Creative Glass](#), aonad sàr-mhathais na h-Alba airson dèanamh glainne, a tha stèidhichte ann an Gallaibh ann an Costa an Ear-thuath na h-Alba agus a tha na aonad airson rannsachadh is leasachadh de ghlainne mar ealain; agus [Fife Contemporary Art and Craft](#), a tha na buidheann airson ceàirdean agus ealain lèirsinneach a tha stèidhichte ann an Cill Rìmhinn, Fìobha. Chan eil am prògram aca air a thoirt seachad bho aon àite ach air a thoirt seachad ann an diofar àiteachan ann am Fìobha air fad tro chom-pàirtichean eadar-dhealaichte. Tha a' bhuidhinn seo cuideachd air bùth air-loidhne a chur air dòigh air a bheil treat gus ceàirdean àrd-ìre an latha an-diugh a reic. Ann an Dùn Phris agus Gall-Ghaidhealaibh ann an Iar-dheas na h-Alba, tha [Upland](#) na buidheann leasachaidh airson ealain lèirsinneach a tha stèidhichte ann an àite dùthchail. Am measg na h-obrach aige, tha taic le leasachadh cruthachail is proifeiseanta airson luchd-ealain is luchd-dèanamh aig gach ìre den bheatha-obrach aca agus taic airson sanasachd eadar-nàiseanta. Eadar 2003 agus 2014, tha an tachartas stiùideo fosgailte aige, Spring Fling, air còrr is 100,000 luchd-tadhail a tharraing, a tha air còrr is 300,000 tursan a dhèanamh dhan stiùideo agus chosg iad £1.8m air ealain is ceàirdean bhon stiùideo.

Ann an roinn Fasan is Aodach fìchte, tha [Fashion Foundry](#) (air a thoirt seachad tro Cultural Enterprise Office) na ionad-guir airson gnòthachasan agus na làr-ionad tàlaint airson luchd-deilbh fasan is aodach-fìchte na h-Alba. Agus e a' tabhann measgachadh de spàs stiùideo, meantoradh, agus leasachadh sgilean gnìomhachais, tha e a' cumail taic ri co-obrachadh gnìomhachas le buidhnean fasain le inbhe àrd.

Tha Fashion Foundry cuideachd a' ruith Buidheann Cho-òrdanachaidh an Fhasain, a' choinneamh aig an roinn phoblaich agus aig com-pàirtichean anns a' ghnìomhachas airson beachdachadh air mar a bhios sinn ag obrachadh còmhla gus an roinn a leasachadh. Is e àrd-ùrlar eadar-nàiseanta airson fasan, aodach fighte, buill-mhaise agus deilbh taobh a-staigh a th' ann an [Scotland Re:Designed](#). Bidh e ag obair le eòlaichean is luchd-ceannachd eadar-nàiseanta ann an gnìomhachas an fhàsain gus luchd-deilbh ùra a thaghadh is gus taic a chumail riutha. Tha [Future Textiles](#), an co-bhann ri Colaiste Chluaidh Ghlaschu (Campas Chathair Dòmhnail) agus Colaiste Siorrachd Àir, a' toirt gnìomhachas agus foghlam còmhla ann an suidheachadh air leth agus iad a' trèanadh an ath-ghinealach de thàlant le sgilean airson gnìomhachas nan aodach fighte. Tha tòrr com-pàirtichean air gabhail anns a' phròiseact, a' gabhail a-steach Marks & Spencer's, Johnstons of Elgin, Beggs of Scotland (Moorbrook Textiles), MYB Lace, Balmoral Knitwear agus Mackintosh.

Tha dhà de na prìomh àiteachan far a bheil companaidhean geamaichean coimpiutair stèidhichte san RA ann an Alba - ann an Dùn Dè agus ann an Dùn Èideann. Tha gach cathair-bhaile na dachaigh do mheasgachadh de chompanaidhean agus tha prìomh chompanaidh san roinn anns gach baile: ([4J studios](#) ann an Dùn Dè agus [Rockstar North](#) ann an Dùn Èideann). Tha Alba Chruthachail ag obair le roinn nan geamannan aig iomadh ìre, ag aithneachadh gu bheil an roinn seo gu sònraichte cudromach ann an Alba, le freumhan làidir sa choimhearsnachd agus le roinn Foghlam Àrd-Ìre ghnìomhach. Tha tachartas [Dare Protoplay](#) ann an Dùn Dè ga chur air adhart fhèin mar prìomh fhèill nan geamannan neo-eisimeileach san RA agus tha grunn phròiseactan tionnsgalach air a bhith ann a tha ag amas air buaidh eòlas roinn nan geamannan a dhèanamh nas motha, a' gabhail a-steach Maoin Tionnsgalachd Alba Chruthachail agus na prògraman Sync is Nesta Digital R&D - a tha cuideachd air am maoineachadh le Alba Chruthachail.

A bharrachd air seo, tha buidhnean gnìomhachais ann an Alba mar [Publishing Scotland](#) (Maoinean Go See agus Go Digital; taic do gnothachasan beag is meadhanach; làthaireachd aig fèilltean malairt leabhraichean aig an ìre eadar-nàiseanta) agus [Scottish Music Industry Association](#) a tha a' riochdachadh raon farsaing de riochdairean gnìomhachas a' chiùil ann an Alba.

Tha Alba cuideachd na dachaigh do phrìomh fhèis nan gnìomhachasan cruthachail [XpoNorth](#), air an robh goNORTH gu 2014. Seo an aon fhèis de a sheòrsa ann an Alba, a tha a' gabhail a-steach fasan agus aodach fighte; sgrìobhadh is foillseachadh; sgrìn is craoladh; agus ceòl. Chan eil XpoNorth coltach ri tachartas sam bith eile ann am mìosachan cultarach na RA. Bidh e a' gabhail àite thairis air dà latha is oidhche beòthail ann an Inbhir Nis.

Anns an Dàmhair 2014, dh'fhoillsich sinn [Alba Chruthachail Air Sgrìon 2014-17](#), ro-innleachd a tha a' cur an cèill nam prìomhachasan againn airson roinn na sgrìn san trì bliadhna ri thighinn. Ag obair le com-pàirtichean ann an gnìomhachas agus com-pàirtichean poblach, is e àrd-amas na ro-innleachd a bhith a' cruthachadh suidheachadh far an gabh roinn na sgrìn a chur aig teis-meadhan beatha eaconomach is cultarach na h-Alba agus gus na h-àrd-amasan ann an plana Ro-innleachd 10-bliadhna Alba Chruthachail a choilionadh a thaobh gnìomhachas an sgrìn.

Tha maoin bhliadhnail de £4m aig Alba Chruthachail (le taic bho Chrannchur Nàiseanta na RA) agus troimhe seo, bidh sinn a' toirt taic do làthaireachd aig Margaidean agus Fèilltean, Maoineachadh airson Pròiseactan Singilte, Maoineachadh Slate Development, agus Maoineachadh airson Riochdachadh, Sgaoileadh is Taisbeanaidhean. Cumaidh sinn taic ri leasachadh is riochdachadh filmichean cluich-beò agus dealbhan-beò, prògraman aithris, agus sreathan TBh cluich-beò agus dealbhan-beò.

Tha buidseat bliadhnail de faisg air £9m sa bhliadhna aig Alba Chruthachail a-mach à buidseat de £93m uile gu lèir (faisg air 10%).

Tha an taic againn don Sgrìn a' gabhail a-steach maoineachadh trì-bliadhna airson buidhnean film mar [Centre for the Moving Image](#) (anns a bheil Filmhouse Dhùn Èideann; Fèis Fhilmichean Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann agus Taigh-dhealbh a' Bhelmont, Obar Dheathain); [Film Ghlaschu](#) (a' gabhail a-steach Taigh-chluich Filmichean Ghlaschu agus Fèis Fhilmichean Ghlaschu); [Sgrìn Roinneil na h-Alba](#), a' bhuidheann leasachaidh airson buidhnean is goireasan taigh-dhealbh ann an Alba, bho thaighean-deibh neo-eisimeileach agus clubaichean is fèisean film agus a bhios cuideachd a' ruith an Screen Machine, a bhios a' toirt filmichean do choimhearsnachd air a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan agus [FilmHub Scotland](#) a tha ag amas air foghlam film agus sgaoileadh fhilmichean a chur air adhart air feadh na h-Alba ann an diofar sheòrsaichean coimhearsnachd. Bheir sinn taic do dh'fhilmeadairean fa leth tro na bursaraidhean againn do luchd-ealain agus a-nis tro Mhaoineachadh Pròiseact Fosgailte cuideachd. A bharrachd air seo, bidh cuid de na buidhnean 'iomadh-ealain' dha bheil sinn a' toirt maoineachadh trì bliadhna a' brosnachadh film mar phàirt den phrògram aca. Am measg nam buidhnean seo, tha [Dundee Contemporary Arts](#) agus [Eden Court](#) ann an Inbhir Nis (tha taighean-deibh agus prògraman film farsaing aca); [Mareel](#) ann an Sealtainn agus [An Lanntair](#) ann an Leòdhas (bidh an dà chuid a' sealltainn fhilmichean anns na h-àiteachan taisbeanaidh sùbailte aca).

Bho chionn ghoirid, chuir sinn Maoin Fàs £1.75m air dòigh an co-bhann ri Riaghaltas na h-Alba airson an àm suas ris a' Mhàrt 2017, a chaidh a chur air dòigh gus fàs a chur air adhart ann am film agus TBh aig àrd-ìre, le bhith a' cur air dòigh brosnachadh a bharrachd (a bharrachd air na sgeamaichean Creideas Cise na RA, Goireas Creideas-cise Ro-làimh agus a' cur ris a' Mhaoin Film £4m) gus an tig riochdachaidhean eadar-nàiseanta gu Alba, cho math ri bhith a' leudachadh a' mhaoineachaidh airson a bhith a' dèanamh film is telebhisean Albannach. Bheir seo buannachd fharpaiseach do dh'Alba, a bharrachd air na criuthan, tàlant agus àiteachan filmidh aig a bheil cliù eadar-nàiseanta mar-thà. Tha sinn cuideachd a' tabhann Goireas Creideas-cise Ro-làimh na RA, a tha a' toirt iasad do riochdachaidhean bho sgeamaichean Chreideas-cise Film na RA, TBh Àrd-ìre agus Dealbhan-beò.

A bharrachd air seo, cumaidh sinn taic ri roghainn de dh'iomairtean leasachaidh tàlaint, a' gabhail a-steach Scottish Film Talent Network an co-bhann ris a' BhFI (an tasgadh as motha aig Alba Chruthachail ann a bhith a' brosnachadh leasachadh filmeadairean ùra agus gealltanach – sgrìobhadairean, riochdairean agus stiùirichean – gus an urrainn dhaibh a' chiad feature aca a leasachadh), agus maoin £1m nan Sgilean Sgrìn (a tha a' cuideachadh dusan buidheann gus cothroman leasachaidh sgilean agus cothroman trànaidh a thoirt seachad ann an gnìomhachas sgrìn na h-Alba).

Tha Alba Chruthachail a' ruith [Coimisean Sgrìn](#) na h-Alba a tha na seirbheis an-asgaidh agus dìomhair gus àiteachan a lorg airson filmeadh. Tha e ag obair aig ìre nàiseanta is eadar-nàiseanta is e a' cur air adhart Alba aig margaidean is fèisean mar phrìomh àite airson filmeadh agus a' cur air adhart luchd-obrach sgileil na h-Alba ann an ceàirdean, obair theicnigeach agus solair ghoireasan.

Tha Alba Chruthachail cuideachd na dachaigh airson [Creative Europe Desk UK-Scotland](#), a tha a' brosnachadh mothachadh is tuisge air prògram Eòrpa Chruthachail, a tha a' toirt seachad comhairle an-asgaidh agus taic do thagraichean san RA agus a' cur air dòigh bùithtean-obrach, seiminearann agus tachartasan gnìomhachais. 'S e Eòrpa Chruthachail am prògram €1.5Bn aig Coimisean na h-Eòrpa airson na roinnean cruthachail, cultarail agus lèirsinn/claisneachd. Tha am prògram làithreach a bhios a' ruith suas gu 2020 a' toirt còmhla fo-phrògram cultarach airson nan roinnean cultarach is cruthachail, agus fo-phrògram MEDIA, a tha a' tasgadh ann an film, telebhisean, sna meadhanan ùra agus ann an geamannan.



ALBA | CHRUTHACHAIL


Chaidh an t-earr-ràdh seo a sgrìobhadh mar taic dhan Ro-innleachd aig Alba Chruthachail do na Gníomhachasan Cruthachail 2016-17. Tha an Ro-innleachd agus gach earr-ràdh is goireas a tha cumail taic rithe rim faighinn aig www.creativescotland.com/creativeindustries

Geata Waverley
2-4 Plàs Bhatairliù
Dùn Èideann EH1 3EG
Alba RA

An Taigh-solais
Caolshraid Mitchell
Glaschu G1 3NU
Alba RA

Ionad-fàilte +44 (0) 330 333 2000
Fios +44 (0) 845 603 6000
enquiries@albachruthachail.com

www.albachruthachail.com

 @creativescots

An Cèitean 2016